

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LÙIB | LIFE AND WORK

AN T-ÒGMHIOS | 2 | 2024



Facal Toisich

Bheir adhradh a' choimhearsnachd ri chèile ann an dòigh a chruthaicheas dàimhean làidir anns a' choitheanal. Nuair a bhios daoine fa leth a' tighinn còmhla ann an adhradh, bidh iad a' dol mar aon a thoirt cliù don Tighearna.

Tha adhradh mar sin na nì eadar-phearsanta. Tha e ag aithneachadh nan diofaran agus nan dùbhlann, agus a' neartachadh na tuigse agus na co-fhaireachdainn, a tha eadrainn mar dhaoine fa leth. Bidh diofar mheadhanan ann gus seo a dhèanamh. Tro ùrnaigh, mar eisimpleir, thèid rùn coitcheann aithneachadh agus a cho-roinn mar bhann spioradail a bhios a' neartachadh dhàimhean coimhearsnachd.

'S ann air an aon dòigh a tha ceòl adhradh ag obair, agus tha am meadhan sin air a chnuasachadh ann an Searmon Beag na h-irise-sa. Tha meatafor barraichte nan salm, agus an siotar, gan cur gu feum airson sin a mhìneachadh.

Bidh na meadhanan adhbhraidh seo gar toirt còmhla mar Chrìosdaidhean. Mar a bu trice, 's ann ann an eaglaisean a bhios seo a' tachairt, agus tha na h-eaglaisean a th' aig cridhe ar coimhearsnachdan Crìosdail mar sin air an naomhadh tro ghnìomhachd thar iomadh ginealaich. Tha na làraichean eaglaiseil cudromach dhuinn mar ionad anns an cruinnicheamaid airson adhradh a dhèanamh.

Nach math an naidheachd, mar a leugar anns An Dealbh, gu bheil coimhearsnachd ann an Sealtann air tighinn cruinn gus an eaglais aoismhor aca, a bh' air a' mhargaidh, a ghabhail os làimhe iad fhèin gus adhradh a chumail a' dol. Faodaidh sinne, mar Chrìosdaidhean ann an coimhearsnachdan air feadh na h-Alba, meòrachadh air an uallach a th' oirne, aig ìre ionadail, a bhith a' gabhail cùram de na goireasan a tha faisg air làimh oirnn. Mar a

bhrosnaich an naomh Peadar dhuinn (1 Peadar 5:2):
"Beathaichibh treud Dhè a tha nur measg, a'gabhail cùraim dheth, chan ann a dh'aindeoin, ach gu deònach."

Le beannachd,
Donnchadh Sneddon, Dùn Èideann
Liam Alastair Crouse, Ceann a Deas Uibhist

Dealbh



© Dealbh den Eaglais Lunna © Robert Sandison, air a chleachdadh fo chhead Creative Commons

Seo Eaglais Lunna ann an Sealtann. B' i an eaglais a bu shine san eilean anns an robh adhradh a' tachairt gus an deach a chur air a' mhargaidh an-uiridh. Ge-tà, tha buidheann anns a' choimhearsnachd ionadail a-nis air a ceannachd airson adhradh a chumail a' dol innte, agus dualchas na làraich a thaisbeanadh. Thathar a' smaointinn gu bheil an làrach cho seann ris an 12ra linn, ged a chaidh an eaglais an-diugh a thogail ann an 1753 leis an uachdaran ionadail.

Gàidhlig Shìmplidh

Anns an eaglais, bithear a' seinn laoidhean agus nan salm còmhla airson moladh a dhèanamh do Dhia. Tha seinn a' toirt oirnn faireachdainn dlùth, ri chèile agus ri Dia. Bidh sinn a' seinn briathran a tha mar chuimhneachan air a' ghràdh a th' againn air Dia, agus air cho sònraichte agus a tha esan dhuinn. Nuair a bhios sinn a' seinn còmhla, tha sinn a' compàirteachadh còmhla ann an nì sònraichte iongantach. Togaidh sinn bannan spioradail eadrainn agus daingnichidh sinn mar choimhearsnachd Chrìosdail. Mar sin dheth, tha barrachd an cois seinn anns an eaglais na dèanamh ciùil a-mhàin. 'S ann a tha e gar ceangal ri chèile mar Chrìosdaidhean ann an ainm an Tighearna.

Beagan cuideachaidh...

a' toirt oirnn - makes us
mar chuimhneachan air - in memory of, as a reminder of
daingnich(idh) - confirm, reinforce

Gàidhlig Chlasaigeach

Beannachadh airson deireadh na seirbheise ann an Foirm na n-Urrnuidheadh le Eòin Carsuel, 1567. Deasaichte le R.L. Thomson, SGTS, Dùn Èideann, 1970. td. 35:

Dia an Tighearna dár mbeandachadh agus dár gcoimhéd; Dia an Tighearna d' fhoillseachadh agus do thaisbénadh tsoillse a ghnúise féin dúind agus do dhénamh thrócaire oraind; Dia an Tighearna d'iompódh a ghnúise grádhaghe chugaind, agus do dheónachadh a tsíthchámhe féin dúind.

Gradh Dé Athar uile-chumhachtaigh, agus grása agus trócaire ar dTighearna losa Crìosd, comaoineachadh agus comfhurtacht ón Sbiòrad Naomh, do bheith do ghnáth maille rind go h-iomlán. Bíodh amhluidh.

Nòtaichean

Bhiodh iad a' cleachdadh -nd- far a bheil -nn- againn an-diugh (m.e: rind = rinn, oraind = oirnn).

Ur-dhubhadh (eclipsis) mar a tha aca fhathast ann an Gàidhlig na h-Èireann: dár mbeandachadh = do ar beannachadh; dár gcoimhéd = do ar coimhead; ar dTighearna = ar Tighearna)

síthchámhe = sìth

Bíodh amhluidh = Amen

Searmon Beag

Bhith tabhairt buidheachais do Dhia,
's nì sàr-mhath maiseach e;
Bhith tabhairt cliù, O Thì as àird',
dod ainm-sa feadh gach rè:
(Salm 92: 1)

'S e beannachadh a th' ann an ceòl, aon de na tìodhlacan as luachmhoire a th' againn sa bheatha seo. Eadar seinn nan eun air madainn samhraidh, taisbeantas le ceòladair tàlantach, no co-chomann ann an seinn le caraidean, is iomadh aoibhneas a tha againn ann an ceòl. Air an dara làimh tha e a' toirt daoine còmhla, agus air an làimh eile tha e a' toirt dhuinn dòigh gus ar faireachdainn as doimhne a chur an cèill, ann an dòigh nach eil comasach le faclan a-mhàin.

Tha sin fìor a thaobh ar beatha ann an creideamh, agus tha fios agam gu bheil iomadh neach ann, nuair a tha iad a' coimhead air na mòmaidean spioradail as àirde nam beathannan, a tha a' cuimhneachadh air laoidh no Salm a sheinn iad, seach air searmon a chuala no a leugh iad. 'S e beannachadh a th' ann gum b' urrainn tarraing faisg air an Tighearna ann an seinn agus ceòl, agus gu bheil pàtran air a sin againn san Sgrìobtar, oir tha sinn a' coimhead air adhart dhan latha anns am bi sinn a' seinn còmhla ri ar bràithrean agus peathraichean de gach cinneadh agus cànan, Naomh, naomh, naomh, an Tighearna Dia uile-chumhachdach, a bha, agus a tha, agus a bhitheas.

Ach 's e beannachadh a th' ann an ceòl ann an dòigh eile, cuideachd, oir is urrainn rudan mun Tighearna ionnsachadh tro bhith a' meòrachadh air na gràsan a bhuilich e oirnn ann an cultar. 'S urrainn dhuinn ìomhaighean a thogail an ceòl as aithne dhuinn gus fìrinnean nas àirde a chur an cèill. Smaoinich air seinn nan Salm, rud air a bheil mòran dhuinn eòlach, agus rud a tha beannaichte, agus trom bheil sinn a' dlùthachadh dhan Tighearna. Uaireannan, bidh mi a' smaoineachadh air stuctar na Sailmeadaireachd Ghàidhealach mar shamhla air an dàimh eadar an t-Seann Tiomnadh agus an Tiomnadh Nuadh. Anns an aon dòigh 's a tha am preasantor a' togail an fhuinn, ag innse dhan choitheanal cò na faclan a tha a' tighinn, tha na geallaidhean agus na fàidheadaireachdan san t-Seann Tiomnadh a' fosgladh dhuinn rùn an Tighearna. Agus bidh an coitheanail a' togail an aon loidhne - bidh cuid a' seinn nas luaithe agus cuid nas slaodaiche, cuid nas ìsle agus cuid nas àirde, cuid ann an dòigh lom agus cuid ann an dòigh sgeadaichte. Tha gairm ann, agus freagairt a tha nas pailte, nas làine, mar a tha coileanadh nan Sgrìobtar ann am pearsa Ìosa, Am Facal Beò a' coileanadh an Fhacail Sgrìobhte, le beannachdan agus cumhachdan agus saorsa a tha a' toirt na chaidh a ràdh an tùs agus ga leasachadh agus ga sgeadachadh agus ga dhoimhneachadh ann an dòigh a tha uile gu lèir iongantach.

Tha eisimpleir eile againn anns an sitar, ionnsramaid ciùil cudromach ann an ceòl nan Innseachan, agus a chuala mi gu

tric is mi nam bhalach ann am Pagastan. Air sitar, tha dà sheata teudan ann, an fheadhainn a bhuaileas an ceòladair, agus fheadhainn eile a tha suidhichte fòdhpà. Chan eil an ceòladair a' làimhseachadh nan teudan seo gu dìreach, ach bidh iad a' gluasad, ag ath-fhuaimneachadh, a' freagairt nan teudan eile a tha air am bualadh. 'S e nàdar de mhac-talla a th' ann, na fo-theudan a' crith nuair a tha an ceòladair a' seinn nan teudan eile. Chuala mi neach ag ràdh aon turas gur ann mar sin a tha e nuair a tha sinn ag ùrnaigh no a' seinn nam faclan a chaidh a sgrìobhadh le cuideigin eile - ma dh'fhaoidte ùrnaighean agus laoidhean on Sgrìobtar, ma dh'fhaoidte bàrdachd spioradail no ùrnaigh dhùthchasach. Bhual ceòladair air teudan eile nuair a bhrosnaich an Spiorad a neach a rinn na faclan sinn, ach bidh teud ar spiorad fhèin a' crith agus a' freagairt an fhuinn.

*Air inneal-ciùil nan teudan deich,
is air an t saltair ghrinn;
'S air clàrsaich le guth fonnmhor àrd,
a sheinneas ceòl gu binn.
(Salm 92: 3)*

Taisbeanadh: Seinn Spioradail

Bidh an taisbeanadh Seinn Spioradail: Sacred Soundscapes of the Highlands & Islands a' dol air cuairt, a' tadhal air Baile Ailein agus Port Rìgh:

20mh dhen Ghiblein gu 17mh dhen Ògmhios

Comunn Eachdraidh Ceann na Loch, Baile Ailein, Eilean Leòdhais

22 dhen Ògmhios gu 8mh na Samhna

Tasglann an Eilein Sgitheanaich agus Loch Aillse, Port Rìgh

Tha an taisbeanadh stèidhichte air rannsachadh leis an Oll. Frances Wilkins, Oilthigh Obar Dheathain, agus a' toirt a-steach salmadaireachd, laoidhean agus bàrdachd spioradail.

Chìthear bhideothan, fiosrachadh agus "cuairt virtual" air làrach-lìn an taisbeanaidh, seinn.org.

Naidheachdan

Saim

Gaelic Psalmody Recital Vol 1 & 2
were recorded in the
Lewis Retirement Centre, Stornoway
on the 26th of May 1978.

Forty years on
the enclosed CD is dedicated to the memory of the Chairman,
the Precentors and the members of the congregation
who are now in God's nearer presence.

1. Salm 56	: 12 - 13	Torwood	Kenneth Murdo MacLeod	Stornoway
2. Salm 23	: 1 - 2	Evan	Alasdair Graham	Stornoway
3. Salm 42	: 1 - 2	Gleocairean	John Morrison	Ness
4. Salm 90	: 1 - 2	Martyrs	John Maclean	Bragar
5. Salm 122	: 6 - 7	Free Church	Norman Campbell	Stornoway
6. Salm 77	: 1 - 2	Bangor	Malcolm MacLeod	Ness
7. Salm 9	: 10 - 11	Montrose	Alasdair Graham	Stornoway
8. Salm 57	: 1	Martyrdom	Athelstane Nicolson	Stornoway
9. Salm 45	: 13 - 14	Bedford	Norman MacKenzie	Stornoway
10. Salm 36	: 5 - 6	Kilmarnock	Donald MacLeod	Point
11. Salm 61	: 1 - 3	Walsall	Donald MacLeod	Stornoway
12. Salm 72	: 18 - 19	Stornoway	Malcolm Matheson	Bree

Previously packaged as a double CD pack (Vol 1 & 2) in a DVD case

Recorded and produced by
Lewis Recordings
Drumsmittal, North Kessock, Inverness IV1 3XF
Tel. 01463 731999
07979 454597
lewisrecordings@aol.com

All rights of the manufacturer and of the owner of the recorded work reserved.
Unauthorised public performances, broadcasting and copying of this CD strictly prohibited

Tha clàradh Salm a chaidh a dhèanamh ann an Leòdhas ann an 1978 a-nis ri fhaotainn air CD, air fhoillseachadh le Lewis Recordings. Sgrìobh do lewisrecordings@aol.com airson fiosrachaidh. Tha na CDan rim faotainn cuideachd anns An Taigh Cèilidh ann an Steòrnabhagh.

Postairean

BEANNACHADH TAIGHE
Dhè, beannaich an taigh
Bho stèidh gu staidh,
Bho chrann gu fraigh,
Bho cheann gu saidh,
Bho dhronn gu tràigh,
Bho sgonn gu sgaith,
Eadar bhonn agus bhràighe,
Bhonn agus bhràighe.

Ùrnaigh an Tighearna
Ar n-Athair a thà air nèamh,
gu naomhachear d'ainm.
Thigeadh do rìoghachd.
Dèanar do thoil air an talamh,
mar a nìfear air nèamh.
Tabhair dhuinn an-diugh
ar n-aran làitheil.
Agus maith dhuinn ar fiachan,
amhaid a mhaithneas
sinne dar luchd'fìach.
Agus na feig ann
am buaireadh sinn;
ach saor sinn o olc:
oir is leatsa an rìoghachd,
agus an cumhachd,
agus a' ghloir, gu sìorraidh.
Amen.

Tha Dòmhnall Saunders aig Clach Press ann an Leòdhas air postairean a dhèanamh le ùrnaighean agus laoidhean. Thuige seo, tha postairean ann le Ùrnaigh an Tighearna, ùrnaighean agus beannachdan bho *Carmina Gadelica*, Salm 23 agus an laoidh Mìorbhail Gràis, agus san aithghearrachd bidh Clach Press a' dèanamh rudan eile leithid fridge magnets le earrannan às a' Bhìobaill, ùrnaighean agus mar sin air adhart.

Meud A4 air paipear gleansach agus air cairt-cùil cruaidh. Deiseil airson cur ann an frèama. Cosgais £10 + £2.50 p&p. Post-d: clachpress@yahoo.com

AM FEAR-DEASACHAIDH

Ma tha sibh airson naidheachdan no beachdan a chur dhan Sgioba Deasachaidh, faodar post-d a chur gu sneddon.duncan@gmail.com.

Laoidh

Glòir is cliù do fhear mo ghaoil,
as maisich' leam na 'n t-òr;
an tì ro ionmhainn suilbhir blàth,
bha ghràs dhomh cho ro mhòr;
'S ged rinn mi tìar air guth a ghràidh,
mar bhrùid dhan nàmhaid beò;
na a ìomhaigh bhrònach oillteil chiar,
's gum b' ghnàth measg cheud mo dhòigh.

'S mòr an t-iongnadh leam bhi smaoinich',
a thairgse shaor bhith dhòmha-sa,
a bha cho ciontach aingidh truagh,
's nach d' thoill mi thruas no thròcair:
Rinn tàir gu lèir air àithntibh Dhè,
's air fuil na rèit' chaidh dhòirteadh;
cha d' mheas mi fhèin mar aobhar pèin,
air lotan geur lehòbhah.

Chan fhaca sùil 's cha chuala cluas,
cha do ghluais air cridhe feòla:
an sonas buan a mhealar shuas,
gun chrìoch gu buan na 's mòr air;
's an àireamh do-àireamh den eaglais chaoimh,
a' deàrrsadh crùn lehòbhah,
le gàirdeachas, is seinn le cliù,
Don Uain rinn aon dhiubh còmhla.

'S ann air barrant facal Dhè,
a chreid 's a dh'èisd na slòigh ud,
tha 'n-diugh am Pàrras àird nan nèimh,
's iad làn gu 'm beul le sòlas;
Gach sùil bho Chrìosd na ghàirdeachas ùr,
am blàths na naomhachd còmhdaicht';
an cuideachd ainglean cuaintean gràis,
a làthaireachd mar lòn dhaibh.

Rannan bhon laoidh àlainn "A' Bheatha Nuadh" le Murchadh MacLeòid, Sgalpaigh na Hearadh, 1881 - 1907.

Adhbhar gàire

Bha duine a' caithris muc aig duine beairteach. Aon oidhche, bha trì uircean aig a' mhuc agus chuir an duine roimhe fear dhiubh a ghoid. Air an rathad dhachaigh, cò choinnich e ach am ministear. Dh'fhaighnich am ministear air an duine dè bh' aige na phòcaid, agus dh'aidich an duine gu h-onorach gun tug e leis fear de dh'uircean an duine bheairtich. "Oh uill," ars am ministear "nach eil eagal ort ro Latha a' Bhreitheanais?" "Nan robh mi a' smaointinn," ars an duine "nach robh agam ri seasamh airson seo gu Latha a' Bhreitheanais, bhithinn air na trì uircean a thoirt leam!"

Rodaidh Iain MacLeòid (fiosraiche), Iain Peatarsan (Neach-clàraidh), SA1977.133.A3, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/129032>

Ùrnaigh

A Dhè, is tusa an Sàr-bhàrd,
Filidh a' Chruthachaidh,
agus tha rannaigheachd bhinn do ghloir
ri cluinntinn ann am maise d' obraichean gu lèir.
Deònaich, a Thighearna, gum biodh
comhardadh do ghràidh
ri chluinntinn nar gràdh-ne,
ach an tèid òran do ghràis agus
do bheannachd am meud,
a' lìonadh gach uile thìr led mhòrachd.
Amen.